

# Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig

Am Màrt 2022 - Air ùrachadh



Do luchd-ionnsachaidh na h-Alba, le luchd-foghlaim Alba

### 3. Foghlam Gàidhlig: poileasaidh

3.1 Tha an **Curraicealam airson Sàr-mhathais** ag amas air a bhith a' toirt gu buil atharrachadh air foghlam ann an Alba le bhith a' tabhann curraicealam bho 3-18 a tha nas rianaile, nas sùbailte agus nas beairtiche. Tha an curraicealam a' gabhail a-steach iomlanachd nam fèin-fhiosrachaidhean a th' air an dealbh airson na cloinne agus nan daoine òga ge bith càite a bheil iad air an oideachadh. Ann a bhith a' cur a' Churraicealam airson Sàr-mhathais an cèill feumaidh e leantainn air adhart gu fèin-fhiosrachaidhean de dh'àrd-chàileachd a thaobh a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig agus ag ionnsachadh tron Ghàidhlig. Tha leasachadh nan ceithir chomasan cuideachd na fheart chudromach airson na Gàidhlig. Tha sinn ag oideachadh dhaoine òga gu bhith nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail gus an coilean iad aig ìre cho àrd 's a ghabhas a bhith nan saoranaich chunntachail a bhios a' com-pàirteachadh ann 's a' cur gu h-èifeachdach ris a' chomann aca 's a bhith nan daoine òga misneachail is cinnteach asta fhèin aig a bheil sgilean, luachan agus comas cuideachadh a thoirt seachad.

3.2 Tha **Leasachadh Sgioba-obrach Òga na h-Alba** a' leantainn air adhart le bhith a' leasachadh na h-ìre as sine, *Insight* agus **Aontaichean Ghnìomhan 16 plus** a' toirt chothroman ùra do sgoiltean, colaistean, gnothachasan, Leasachadh Sgilean Alba a bhith a' co-obrachadh gu h-èifeachdach gus ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig a leudachadh le co-thàthadh bhon fhoghlam fharsaing choitcheann chun na h-ìre as sine. Tha an ìre as sine den Churraicealam airson Sàr-mhathais gu mòr an urra ri bhith ag obair ann an com-pàirteachas èifeachdach le raon de luchd-solair ann an raon de shuidheachaidhean ionnsachaidh. Tha dreuchd chudromach aig ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd agus aig an earrann obair-òigridh sa Churraicealam airson Sàr-mhathais. Tha iad nan com-pàirtichean libhrigidh cudromach, a' tabhann chothroman luachmhor do dhaoine òga airson ionnsachadh is leasachadh pearsanta, anns an sgoil agus taobh a-muigh na sgoile.

3.3 Tha an aithisg **Ionnsachadh Cànan an Alba: Modh-obrach 1+2** a' cur an cèill frèam àrd-amasach airson a bhith a' libhrigeadh ionnsachadh cànan ann an sgoiltean na h-Alba. Tha i a' toirt dealbh air frèam airson ionnsachadh stèidhichte air a' chànan mhàthaireil agus air dà chànan a thuilleadh air sin san fhoghlam fharsaing choitcheann a bhios a' dol air adhart gu duaisean is teisteanasan aig an ìre as sine. Tha an dà chuid Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh agus Foghlam Meadhan Gàidhlig aig teis-mheadhan an fhrèama seo.

3.4 Tha buidhnean-òigridh nam prìomh chom-pàirtichean ann a bhith a' toirt air adhart ionnsachadh airson seasmhachd, a bhios a' gabhail a-steach ionnsachadh a-muigh, foghlam leasachadh seasmhach agus saoranachd chruinneil. Tha an aithisg **Ionnsachadh airson Seasmhachd**<sup>1</sup> ag amas air a bhith a' togail nan luachan, nam beachdan, an eòlais, nan sgilean 's a' mhisneachd a dh'fheumar gus cleachdaidhean a leasachadh agus a thighinn gu co-dhùnaidhean a bhios co-fhreagarrach ri comann a tha seasmhach is co-ionann.

---

<sup>1</sup> [Ionnsachadh airson Seasmhachd](#) (Riaghaltas na h-Alba Dùbhlachd 2012)

3.5 Tha fòcas aig ***Ginealaichean ag Obair Còmhla***<sup>2</sup> air cleachdadh eadar-ghinealach a tha in-ghabhalach, a' togail air na stòrasan deimhinneach as urrainn do dhaoine òga is aosta a thoirt do chàch a chèile agus don choimhearsnachd san fharsaingeachd. Is urrainn do bhuidhnean òigridh is do dhaoine òga barrachd cleachdaidh den Ghàidhlig a chur air adhart eadar ghinealaichean agus a bhith a' cur ri bhith a' togail suas ionnsachadh a tha nas co-thàthaichte.

---

<sup>2</sup> [Ginealaichean ag Obair Còmhla](#)